




Comann nam Pàrant
Gaelic Medium Education in Scotland



**CUAIRT-LITIR
COMANN NAM PÀRANT
GEAMHRADH/AN T-EARRACH
2012**



CUAIRT-LITIR COMANN NAM PÀRANT

Facal-toisich

Fàilte gu iris an Earraich de chuairt-litir Chomann nam Pàrant. Seo an dàrna iris agus tha sinn an dòchas gun nochd fear gu ràitheil gus fiosrachadh agus nithean inntinneach a thoirt gu aire phàrantan aig a bheil clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Tha sinn dìreach air an naoidheamh Seachdain Gàidhlig Chomann nam Pàrant a chumail ann an Dùn Èideann do chlànn ann am FTMG. Am bliadhna, ghabh 270 sgoilear pàirt ann an gnìomhan aig an Lios Luibheach Rìoghail, an Dealbh-lann Nàiseanta, Pàirce Holyrood agus Our Dynamic Earth. Chaidh againn air gach seisean a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig, le taing do luchd-obrach bho Chomunn na Gàidhlig a bha deònach pàirt a ghabhail, agus taic bho luchd-obrach foghlaim a tha a' teagasg nan clasaichean aig gach àite, ged a tha sinn a' faicinn gach bliadhna gu bheil barrachd de bhuidhnean a-nis aig a bheil luchd-obrach le Gàidhlig.



Tha toiseach na bliadhna air a bhith air leth trang do na Comhairlichean Phàrant againn, le grunn thachartasan air feadh na dùthcha. Bha am 'Baby Show' aig an SECC an Glaschu gu sònraichte trang, le ceathrar chomhairlichean an làthair airson bruidhinn ri còrr is dà mhìle pàrant.

Tha sinn an dòchas, cho math ri fiosrachadh bho na buidhnean ionadail anns na h-irisean ri teachd, gum faigh sinn beachdan bho na comhairlichean phàrant air ciamar a tha dol leotha ann a bhith a' brosnachadh dhaoine gus smaoinichadh mu FTMG.


Magaidh Wentworth
Oifigear Pàrant

Coinneamh Bhliadhnail Chomann nam Pàrant

Cumar Coinneamh Bhliadhnail Chomann nam Pàrant (Nàiseanta) ann an Taigh-òsta Alexandra, The Parade, An Gearasdan, air Dihaoine 18 Cèitean 2012 aig 7.30f.

Às dèidh na coinneimh fhoirmeil, bidh Dr Donalda McComb, Ceannard, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' toirt seachad òraid air leasachadh foghlam Gàidhlig san Àrd-sgoil. Às dèidh sin bidh cothrom ceistean agus deasbad.

Tha fàilte ga chur air gach neach aig a bheil ùidh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.



CUAIRT-LITIR COMANN NAM PÀRANT

Sgeama Chomhairliche - Coinneach Maccoinneach

Bu mhath leam tòiseachadh le bhith a' cur fàilte air ceathrar phàrantan ùra chun Sgeama Comhairleachaidh!

Tha Aileen agus Jennifer air tighinn thugainn à Meadowburn. Fhritheal iadsan an latha inntrigidh aca ann an Glaschu nas tràithe air a' mhìos seo agus tha mi làn chinnteach gun do chòrd e riutha. Tha iad le chèile gu math brosnachail agus tha iad dealasach gus obrachadh còmhla airson buaidh a thoirt air cùisean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig.

Chaidh againn cuideachd air Elaine agus Daibhidh fhaighinn ann am baile Ghlaschu. Tha iad le chèile air comataidh Chomann nam Pàrant Ghlaschu agus, mar sin, tha iad air an deagh uidheamachadh airson cèitean sam bith a fhreagairt a thaobh FTMG!

Mar sin, a' bruidhinn às leth buidhnean Chomann nam Pàrant anns gach sgìre, fàilte oirbh!

Bha sinn an dùil latha trànaidh a chumail ann an Inbhir Nis aig toiseach na mìos airson feuchainn ri pàrantan fhastadh airson obrachadh air feadh an Eilein Sgitheanaich, sgìre far a bheil sinn gu math lag, agus cuideachd airson cur ris an sgioba an Inbhir Nis. Cha deach againn air cùisean a thoirt gu chèile agus le pàrantan uile cho trang, tha sinn a-nis an dùil feuchainn ri latha trànaidh a chur air dòigh uaireigin san t-Òg Mhìos gus an leudachadh a chumail a' dol!

Bho thòisich sinn a' clàradh àireamhan bho thachartasan Sgeama Comhairleachaidh air feadh na dùthcha, tha dealbh a' nochdadh a thaobh na sgìrean a tha gu math làidir agus, cuideachd, na sgìrean a tha feumach air tuilleadh taice - tha seo math, oir b' e seo ar n-amas nuair a thòisich sinn a' clàradh! Tha na h-àireamhan, gun teagamh sam bith, a' toirt dhuinn misneachd, le mòran dhaoine a' sealltainn ùidh ann am FTMG às dèidh bruidhinn ri aon de ar comhairlichean. Tha seo na chomharradh an dà chuid air ar comhairlichean agus air an deagh rannsachadh a tha ga dhèanamh air dà-chànanas agus a bhuanachdan. Ma tha barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh mu dhà-chànanas, gheibh sibh sin air an duilleag Facebook againn (www.facebook.com/ComannNamParant). Tha mòran aithrisean agus phàipearan air a' chuspair ri fhaighinn an seo. Chì sibh cuideachd clàradh den Àrd-oll Antonella Sorace bho Oilthigh Dhùn Èideann a' toirt seachad òraid air a' chuspair.

Bidh e inntinneach fhaicinn, ann am beagan mhìosan nuair a gheibhear fiosrachadh mu chlàradh bun-sgoile 2012-13, a bheil ceangal sam bith eadar soirbheachasan san Sgeama Comhairleachaidh ann an diofar sgìrean agus an àireamh de theaghlachan a tha a' taghadh FTMG sna sgoiltean anns gach sgìre.



Coinneach Maccoinneach
Oifigear Pàrant



CUAIRT-LITIR COMANN NAM PÀRANT

Fios is Freagairt Dvd

Tha Comann nam Pàrant air leth toilichte gu bheil an DVD a' tha dol an lùib na leabhraichean Fios is Freagairt a-nis air a dhearbhadh is a dheasachadh agus air a leigeil mu sgaoil!

Chaidh, mar-thà, a chur a-mach gu diofar sgoiltean, sgoiltean-àraich agus buidhnean coimhearsnachd air feadh na dùthcha! Ma tha lethbhreac a dh'ith oirbh, leigibh fios chun sgoil ionadail (no oifigear Iomairt CnaG, ma tha sibh fortanach gu leòr a bhith ann an sgìre le oifigear!) agus gheibh sibh cothrom sealladh fhaighinn air an DVD! Agus, mura bheil lethbhreac acasan, cuireadh iad post-d gu Coinneach air Comann nam Pàrant aig coinneachm@cnaq.org.uk agus cuiridh esan fear a-mach cho luath 's a ghabhas!

Bidh an DVD cuideachd ri fhaighinn a dh' aithghearr air-loidhne air an làrach-lìn againn www.parant.org.uk



Asha Rennie

Cò thu, ma-tha? - Is mise Asha agus tha mi às a' Bhàr Dhubh air Ghàidhealtachd. Tha mi an-dràsta ag obair air PGDE (Post-Graduate Diploma in Education) airson a dhol leis a' cheum ùr a fhuair mi sa Ghàidhlig.


Tha thu ag iarraidh a bhith nad thidsear ann am FTMG, ma-tha? - Tha gu dearbh! Cha robh càil eile riamh agam san amhairc agus tha mi a' creidsinn gu bheil Gàidhlig deatamach ann a bhith a' glèidheadh a' chultar an Alba. Tha mi cuideachd a' creidsinn gu bheil teagasg Gàidhlig na dhreuchd chudromach, a bheir dhomh cothrom cuideachadh ann a bhith a' sàbhaladh a' chànan. Tha Gàidhlig air m' athair cuideachd agus tha mi cinnteach gun tug sin buaidh orm.

Tha Gàidhlig aig d' athair; a bheil seo a' ciallachadh gun robh Gàidhlig agad nad òige? - Chan eil. Ghluais esan nuair a bha e mu 12 bliadhna dh'aois agus tha e air a' mhòr chuid dhen Ghàidhlig a dhiochuimhneachadh. Ach, fhad 's a bha mise ag ionnsachadh, bheireadh e cuideachadh dhomh.

Cuin a thòisich thu ag ionnsachadh na Gàidhlig? - Cha do thòisich gus an robh mi san Àrd-sgoil.

A bheil teagasg a' còrdadh riut gu ruige seo? - Aye, tha a' chùrsa trang ach tha e a' còrdadh rium. Chan eil mionaid agam dhomh fhèin! Tha mi a' coimhead air adhart ris an ath bhliadhna nuair a gheibh mi (tha min dòchas!) clas dhomh fhèin airson fad bliadhna. Tha mi a' faighinn air adhart gu math sa chùrsa agus sa chlas, ach tha tòrr agam ri ionnsachadh cuideachd, ach sin an dreuchd a thagh mi!

Asha Rennie - Tidsear Ùr!



CUAIRT-LITIR COMANN NAM PÀRANT

Na prìomh naidheachdan (Am Faoilleach- An Giblean)

Obraichean clas air an
sabhladh (13/01/12)- [http://
www.bbc.co.uk/news/uk-scotland-
highlands-islands-16543569](http://www.bbc.co.uk/news/uk-scotland-highlands-islands-16543569)

Clann de dà-chànanas a faighinn
barrachd "focus" York U Study
(10/02/12) - [http://
www.exchangemagazine.com/
morningpost/2012/week6/
Friday/12021016.htm](http://www.exchangemagazine.com/morningpost/2012/week6/Friday/12021016.htm)

An adhbhar 'son 's gu bheil luchd
dà-chànanas nas glìc (17/03/12) -
[http://
www.nytimes.com/2012/03/18/
opinion/sunday/the-benefits-of-
bilingualism.html?
_r=2&scp=1&sq=bilingualism&st=cse](http://www.nytimes.com/2012/03/18/opinion/sunday/the-benefits-of-bilingualism.html?_r=2&scp=1&sq=bilingualism&st=cse)

Làrach Lìn Ùr aig BnG
(09/02/12) - [http://
www.gaidhlig.org.uk/fdp](http://www.gaidhlig.org.uk/fdp)

Comhairle do Cheannardan mu
dà-chànanas (24/02/12) -
[http://www.parant.org.uk/
naidheachd/?lang=gd](http://www.parant.org.uk/naidheachd/?lang=gd)

Sgilean dà-chànanas a toirt
dìon an aghaidh seargadh-
inntinn (01/04/12) - [http://
www.digitaljournal.com/
article/322242](http://www.digitaljournal.com/article/322242)



CUAIRT-LITIR COMANN NAM PÀRANT

Facebook/Twitter/Website - Cuimhneachdan!

Mura do rinn sibh seo mar-tha, feuch gun cuimhnich sibh ar leantainn air Twitter (@ComannNamParant), dèan 'like' oirnn air Facebook (www.facebook.com/ComannNamParant) agus 'bookmark' ar làrach-lìn (www.parant.org.uk)!



Tha na dòighean sòisealta seo, gu h-àraid Twitter is Facebook, nam feum mhòr ann a bhith leigeil fhaicinn dhuibh dè tha tachairt an àite a bhith gur sàrachadh le puist-d fad an t-siubhail! Dè as fheàrr na bhith a' faighinn naidheachdan bhuainn nuair a bhios sibh a' coimhead air naidheachdan àbhaisteach eile agus faodaidh sibh sùil aithghearr a thoirt air (no a sheachnadh!) nuair a thogras sibh fhèin! Tha iad cuideachd nan deagh fhòraim do

phàrantan air feadh na dùthcha airson innse do chàch a chèile mu shoirbheachasan agus/no ghearanan, no airson cuideachadh iarraidh air Comann nam Pàrant. Dall oirbh - tòisichibh a' sgrìobhadh puist no Tweets air ar ballachan, ach cumaibh cùisean freagarrach!

Lean, ceangal, clioc is innis!

